

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR FÀILTE AIR DREACHD PLANA GÀIDHLIG RIAGHALTAS NA H-ALBA

29 Am Faoilteach 2009

Tha buidheann leasachaidh na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, air fàilte a chur air Dreachd Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba.

Chaidh am Plana fhoillseachadh an diugh ann an deasbad ann am Pàrlamaid na h-Alba le Linda Fabiani BPA, am Ministear le uallach airson na Gàidhlig. Thuirt Cathraiche Eadar-amail a' Bhùird Art MacCarraig, agus e a' cur fàilte air a' cho-chomhairleachadh, gur e "ceum adhartach a th'ann agus sealladh misneachail air an taic leantainneach a tha an Riaghaltas a' toirt dhan Ghàidhlig"

Thuirt Mgr MacCarraig: "Le bhith a' gabhail ceum cho cudromach, tha an Riaghaltas fhèin a' nochdadh gu bheil buannachdan mòra an luib a bhith a' leasachadh agus a' cumail taic ris a' Ghàidhlig. 'S e plana susbainteach a tha seo, a tha a' bualadh air oibreachadh an Riaghaltais fhèin, agus tha e a' stiùireadh bhuidhnean eile le teachdaireachd gu math làidir gu bheil Riaghaltas na h-Alba mothachail air an t-saoghal seasmhach a dh'fhaodadh a bhith ron Ghàidhlig, agus gu bheil slighe ann do bhuidhnean agus daoine fa-leth, aig gach ìre ann an saoghal poblach, prìobhaideach agus do bhuidhnean saor-thoileach. Tha mi a' cur fàilte air an taic a tha sinn a' faighinn bhon Mhinistear agus rùintean an Riaghaltais ann a bhith a' foillseachadh seo agus mholainn dhan h-uile duine a tha an-sàs ann an Gàidhlig, anns gach raon bhon dachaigh gu fòghlam agus craoladh, am beachdan air na th'ann a chur a-steach. Bu chòir do dhaoine am Plana a mheasadh mar tha e agus molaidhean a dhèanamh air ciamar a ghabhas e leasachadh."

'S e Riaghaltas na h-Alba a-nis a' bhuidheann as motha agus as cumhachdaiche a tha an-sàs ann an deisealachadh Phlanaichean Gàidhlig an luib Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Chaidh 8 buidhnean eile a chomharrachadh fon Achd bho chionn ghoirid airson a dhol air adhart is planaichean a dheisealachadh agus tha Ceannard an Gníomh a' Bhùird, Rosemary Ward a-nis a' coinneachadh riutha, a' còmhradh mu dhòighean anns an gabh na planaichean toirt air adhart.

Thuirt ise gu robh i fìor thoilichte agus air a misneachadh le ceumanan an Riaghaltais. "Chì buidhnean eile a tha an-sàs ann a bhith a' dealbh Phlanaichean Gàidhlig ceuman an Riaghaltais anns a' ghluasad fharsainn mar chomharradh uamhasach buannachdail thaobh

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



luach na h-obrach. Tha mi an dràsta fhèin ag obar còmhla ri buidhnean mar VisitScotland, CalMac, SNH, CMAL agus dà Bhòrd Slàinte anns na h-Eileanan Siar agus air a' Ghàidhealtachd a ghluasad an cuid-obrach air adhart. Seach gu bheil an Riaghaltas fhèin a-nis air thoiseach air a' mhòr-chuid, tha sin na thogail dhuinn agus bidh sin ag obair gu dlùth còmhla ris a' Mhinistear airson taic a chumail rithe fhèin agus Ministearan eile a chumail cùisean a' gluasad air adhart."

Thuirteart Art MacCarraig: "Airson a' chiad turas tha an Riaghaltas air a dhol seachad air dìreach a bhith a' moladh taic a chumail ris a' Ghàidhlig le maoineachadh. Tha a' bhuidheann as cudromaiche anns an dùthaich a-nis nan eiseimpleir airson feadhainn eile agus chan eil teagamh ann nach bi buannachd ann dhaibh ann a bhith cho adhartach a thaobh is na tha iad a' cur ri beatha na h-Alba. Tha seo tòrr nas susbaintiche na dèiligeadh dìreach ri soighnichean agus tha an Riaghaltas a' mìneachadh gu soilleir dè tha fa-near dhaibh anns na diofar raointean de shaoghal poblach na dùthcha, leithid am fèin-aithne, litreachas, coluadar agus luchd-obrach, agus tha iad rim moladh gu mòr."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG WELCOMES SCOTTISH GOVERNMENT'S DRAFT GAELIC PLAN

29 January 2009

The Gaelic development agency Bòrd na Gàidhlig today (Thursday, January 29, 2009) welcomed publication of the Scottish Government's draft Gaelic Language Plan.

The document, which was launched by Minister for Gaelic, Linda Fabiani MSP, at a debate in the Scottish Parliament this afternoon, was hailed as a “welcome and positive indication of the Government's continuing commitment to the language” by Interim Chair of the Bòrd, Arthur Cormack.

He said: “By taking this significant step, the Scottish Government has signalled that there is real benefit in sustaining and developing Gaelic. It is a meaningful plan that applies to its own operations, but also offers a lead to other organisations with a clear message that the Scottish Government wants to see a sustainable future for Gaelic, which can be followed through at all sorts of levels by public, private and voluntary bodies as well as individuals. I welcome the Minister's commitment and intentions in launching the document and I would urge everyone with an interest in Gaelic, in all the range of areas we operate in, from the family home to education and broadcasting in Gaelic, to make their opinions known during the consultation period. That applies equally to assessing the document as it stands and taking a look at how it could be developed.”

The Scottish Government is now the biggest organisation involved in the preparation of Gaelic Plans which have flowed from provisions made in the Gaelic Language (Scotland) Act of 2005. A further 8 organisations have been designated recently under the terms of the Act and are now meeting Bòrd na Gàidhlig's Acting Chief Executive Rosemary Ward, to discuss how they can take their development work forward for planning approval.

She expressed her delight at the Government's move in taking such a positive lead in terms of producing Gaelic Language Plans. She said: “The organisations which have already produced their plans and are now implementing them will see the Government's participation in this wider aspect of Gaelic development as a major endorsement of the value of the exercise. I am now working with companies such as VisitScotland, Caledonian MacBrayne, SNH, Caledonian Maritime Assets and two Health Boards in the Western Isles and Highland to begin the work they need to do. Having the Government at the forefront of the preparations for work relating to the Act is a great boost and we look forward to

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



working with the Minister and her colleagues in other departments to progress matters further.”

Arthur Cormack added: “For the first time the Government has gone beyond expressing support for the language and financing projects. The most important organisation in the country is now setting an example for others to follow and I have no doubt they will reap the benefits in terms of their contribution to the Scottish way of life. There is much more to this than signage and the way the Government has spelled out what it intends to do in the various spheres of public life, such as its own identity, publications, communications and staff, is highly commendable.”